Aithisg air Ceannardas san t-Seirbheis Phoblaich

Ann an Alba, bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine air seirbheisean poblach earbsach, luachmhor a chleachdas goireasan gu h-èifeachdach, a bheir freagairt air cùisean a tha cudromach do dhaoine is coimhearsnachdan, agus a lìbhrigeas toraidhean nas fheàrr.

Tha an aon ghealltanas againn ann an cumantas a thaobh ceannardas co-obrachail a bheir buannachd dhan phoball agus freagairt air feumalachdan, eòlas-beatha agus amasan nan daoine a tha sinn a' frithealadh. Tha sinn ag obair thar diofar bhuidhnean, proifeiseanan is roinnean le misneachd, ùidh, coibhneas agus beusan. Tha sinn ag aithneachadh nach gabh na dùbhlain as ioma-chùisiche ann an Alba fhuasgladh le buidheann sam bith a tha ag obair na h-aonar.

Mar cheannardan siostaim, tha sinn ruigsinneach, ceangailte ri chèile, agus tha comasan didseatach againn. Tha sinn nar stiùirichean nuair a thig e gu goireasan poblach, earbsa a' phobaill, agus math dhaoine thar ùine fhada.

Tha na dòchasan seo a' co-thaobhadh ri agus a' daingneachadh builean reachdail nàiseanta na h-Alba agus Ro-innleachd Ath-leasachadh na Seirbheis Poblaich. Còmhla ri chèile, tha iad a' toirt mìneachadh air giùlan nan ceannardan agus staid nan siostaman againn a bhios a dhìth airson Alba a fhrithealadh gu math.

Tha an Aithisg seo a' cur an cèill nan dleastanasan reachdail a th' air buidhnean poblach na h-Alba nuair a thig e chun nan Luachan as Fheàrr. 'S e sin gun dèan sinn cinnteach à leasachaidhean leantainneach agus riaghladh èifeachdach, gun seall sinn ceannardas a tha làidir is beusach, gun obraich sinn còmhla ri com-pàirtichean, daoine agus coimhearsnachdan air na co-dhùnaidhean a bheir buaidh orra, gun dèan sinn am feum as fheàrr de ghoireasan poblach, agus gun cuir sinn ri toraidhean a tha cothromach, seasmhach.

Tha sinn a' bonntachadh nan gealltanasan seo tro mheadhan ar n-amasan, measadh de dh'ìrean-coileanaidh, fastadh luchd-obrach, leasachadh ceannardais, ullachaidhean riaghlaidh agus dòighean-obrach cunntachalachd. Còmhla ri chèile, tha sinn gar cumail fhìn cunntachail airson mar a stiùiricheas sinn gnothaichean, mar a dh'obraicheas sinn còmhla, agus mar a leasaicheas sinn toraidhean dha na daoine is coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh. San dòigh seo, tha sinn a' cruthachadh suidheachadh anns an gabh ceumannan dàna a ghabhail, leasanan ionnsachadh air feadh an t-siostaim agus leasachaidhean leantainneach a thoirt gu buil, airson seirbheisean poblach na h-Alba a neartachadh agus lèirsinn a' Choimisein Christie a choileanadh – an-diugh, agus do ghinealaichean ri teachd.

Còmhla ri chèile, agus mar dhaoine fa leth, tha e mar dhleastanas oirnn cur an aghaidh giùlan sam bith – an dà chuid nar buidhnean agus thar an t-siostaim air fad – nach cùm ris na prionnsabalan seo.

Tha seo a' ciallachadh:

- **Ceannardas com-pàirteach, le dòigh-smaoineachaidh a bheir gach àite is siostam a-steach** – a' togail dhàimhean thar nan siostaman againn, 's am prìomhachas ga chur air math dhaoine thar ùine fhada airson buannachdan a ghlèidheadh dhan phoball.
- **A' neartachadh earbsa agus fìreantachd** – a' brosnachadh ceannardas aig gach ìre, agus a' neartachadh dhàimhean tro fhosgailteachd, molaidhean taiceil, agus tuigse air amasan coitcheann.
- **A' cur luach air ionnsachadh, sàr-eòlas, ro-shealladh agus ùr-ghnàthachadh** – a' togail seasmhachd choitcheann còmhla, tro bhith a' brosnachadh luchd-obrach na seirbheis poblaich gu bhith misneachail,

cruthachail agus sgileil airson na dòighean-obrach aca atharrachadh agus dèiligeadh ri suidheachaidhean a-chùm leas a’ phobaill.

- **A’ glèidheadh luachan coitcheann agus cunntachalachd** – a’ cumail ri Prionnsabalan Beatha Phoblach ann an Alba agus a’ sealltainn bheusan, coibhneas, sgilean-stiùiridh agus comasan-breithneachaidh beusach. Tha sinn a’ lorg cothromachadh eadar ùr-ghnàthachadh is cùram, co-obrachadh is cunntachalachd, agus taic-bhrosnachaidh is deagh riaghladh.

Frèam-obrach airson Ceannardas san t-Seirbheis Phoblaich

Tro bhith cunntachail dhan phoball – agus dha na com-pàirtichean, dhan fheachd-obrach is dha na h-ullachaidhean riaghlaidh againn – tha sinn a’ dealbhadh agus a’ lìbhrigeadh sheirbheisean poblach a tha earbsach, èifeachdach is nas treasa, ’s iad a’ leasachadh thoraidhean do gach neach is àite ann an Alba, an-dràsta agus do ghinealaichean ri teachd.

Dòigh-smaoineachaidh a bheir gach àite is siostam a-steach

Tha sinn ag obair thar diofar bhuidhnean is proifeiseanan gus taic is seirbheisean co-òrdanaichte a lìbhrigeadh.

Tha sinn a’ co-òrdanachadh ro-innleachdan, goireasan is co-dhùnaidhean gus leasachadh a thoirt air toraidhean, neo-ionannachd a lùghdachadh, agus cothromachd adhartachadh.

Le gnìomhan coitcheann, tha sinn a’ cur fòcas air trioblaidean a bhacadh ro làimh, agus air math dhaoine thar ùine fhada.

Tha sinn ag obair thar dhiofaran pearsanta gus toraidhean nas fheàrr a ruigsinn do dhaoine is àitichean.

A’ neartachadh earbsa agus fìreantachd

Tha sinn a’ togail earbsa tro fhosgailteachd, onarachd is molaidhean taiceil.

Tha sinn a’ togail àrainneachd shàbhailte anns am faigh guthan dhaoine èisteachd – tha e deatamach mar phàirt de dh’obair chothromach gum faod daoine an guthan a thogail gu h-èifeachdach.

Tha sinn a’ toirt seachad agus a’ faighinn mholaidhean ann an dòigh mheasail, fhosgailte.

Tha sinn a’ togail ceannardas aig gach ìre, a thuilleadh air dàimhean agus dòighean gus trioblaidean fhuasgladh còmhla.

A’ cur luach air ionnsachadh, sàr-eòlas, ro-shealladh agus ùr-ghnàthachadh

Tha sinn a’ cur luach air sàr-eòlas dhaoine, air eòlas-beatha san fharsaingeachd, agus air fianais, dàta is comasan didseatach leis an gabh seirbheisean a leasachadh.

Tha sinn a’ dèanamh obair-dheuchainn, -ionnsachaidh is -fhreagarrachaidh.

Tha sinn a’ gabhail riosgan reusanta gus toraidhean nas fheàrr a ruigsinn.

Tha sinn a’ cumail taic ri ionnsachadh leantainneach agus oidhirpean gus ceannardas a leasachadh.

A’ cumail suas luachan coitcheann agus cunntachalachd

Tha sinn a’ sealltainn bheusan, coibhneas, sgilean-stiùiridh agus comasan-breithneachaidh beusach.

Tha sinn a’ cleachdadh ghoireasan poblach gu moralta ’s gu h-èifeachdach.

Tha sinn a’ lorg cothromachadh eadar ùr-ghnàthachadh is cùram, co-obrachadh is cunntachalachd, agus taic-bhrosnachaidh is deagh riaghladh.

Nì sinn cinnteach gu bheil pròiseasan-riaghlaidh èifeachdach ann, ’s sinn a’ gabhail uallach os làimh airson nan co-dhùnaidhean againn.

’S ann gu togarrach a chumas sinn **taic ri co-ionannachd, in-ghabhaltas agus còraichean daonna** nuair a thig e gu co-dhùnaidhean a nì sinn, goireasan a sgaoileas sinn agus seirbheisean a lìbhrigeas sinn, gu h-àraid do dhaoine is coimhearsnachdan a tha a’ dèiligeadh ris na bacaidhean is neo-ionannachdan as motha.

Nì sinn rudan ‘**turas a-mhàin agus gu math**’, far an gabh sin a dhèa